

Fèin-bhrodadh: Ceistean do ChildLine

C: A bheil fèin-bhrodadh dona - tha mi a' faireachdainn nach bi duine ga dhèanamh ach mi-fhìn. Cuideachd, tha mi a' faireachdainn car neònach ag ràdh seo, ach an e aon fhaireachdainn a bhios tu a' faighinn nuair a bhios tu ri feise?

F:

Hai,

Bidh mi a' faighinn tòrr litrichean bho dhaoine òga a tha draghail mu dheidhinn fèin-bhrodadh. An toiseach bu chòir fios a bhith agad gu bheil e ceart gu leòr a bhith ag iarraidh a dhèanamh agus tha e ceart gu leòr gun a bhith ag iarraidh a dhèanamh.

Chan eil fèin-bhrodadh dona no ceàrr agus tha e gu tur àbhaisteach do neach sam bith a dhèanamh, ge bith dè an aois, gnè, feisealachd no an cultar bho bheil iad a' tighinn. 'S e rud a th' ann am fèin-bhrodadh a bhios a' mhòr-chuid de dhaoine a' dèanamh mun àm a ruigeas iad inbheachd. Bidh atharrachaidhean nar bodhaig a' toirt spionnadh feiseil dhuinn agus 's e dòigh gu tur àbhaisteach agus sàbhailte a th' ann am fèin-bhrodadh airson sin a sgrùdadh. Bu chòir do fhèin-bhrodadh a bhith na rud prìobhaideach a nì thu, agus mar sin chan e gnothach duine sam bith a th' ann, ach gu cinnteach cha tusa an aon neach a bhios ga dhèanamh.

A thaobh mar a tha e a' faireachdainn, 's e rud a tha seo nach urrainn dhut ach co-dhùnadh dhut fhèin. Bidh an dà chuid fèin-bhrodadh agus feise a' faireachdainn eadar-dhealaichte airson a h-uile duine. 'S dòcha gum bi fèin-bhrodadh a' còrdadh le cuid de dhaoine ach nach bi feise – bidh an dà chuid a' còrdadh le daoine eile. Gheibh thu seo a-mach dhut fhèin nuair a tha thu deiseil agus nad ùine fhèin.

Ma tha thu airson tuilleadh cheistean fhaighneachd cuir fios thugainn.

Tha mi an dòchas gum bi seo na chuideachadh, tapadh leat airson do theachdaireachd.

Sam

Fèin-bhrodadh: Ceistean do ChildLine

C: A bheil e àbhaisteach do nigheanan a bhith ri fèin-bhrodadh aig an aois seo? (15+) A bheil e gu math cumanta? Bidh balaich ga dhèanamh gu math follaiseach gu bheil iad ris, ach tha e coltach gu bheil nigheanan fada na aghaidh. An e nàire as coireach no an e nach eil nigheanan ga dhèanamh?

F:

Hai,

Tha e math cluinntinn bhuat. Tha mi toilichte gun do chuir thu fios thugainn. Tha mi a' faicinn gu bheil seo air d' inntinn an-dràsta agus a' cur beagan dragh ort. Tha mi airson innse dhut gu bheil e gu tur àbhaisteach do nigheanan agus balaich a bhith ri fèin-bhrodadh. Uaireannan bidh cuspair fèin-bhrodadh na adhbhar nàire do dhaoine agus dh'fhaodadh seo toirt air daoine a bhith diùid timcheall air bruidhinn mu dheidhinn. Bidh tòrr dhaoine a' faighneachd dhomh mu rudan eadar-dhealaichte a chluinneas iad mu fhèin-bhrodadh agus tha mi airson innse dhut gu bheil fèin-bhrodadh na rud cumanta agus gu bheil e na phàirt nàdarra de bhith a' faighinn eòlas air do bhodhaig. Cha dèan fèin-bhrodadh cron sam bith air d' inntinn no air do bhodhaig agus eadhon ged a bhiodh tu ri fèin-bhrodadh tric, cha toir e buaidh air do bheatha fheiseil agus chan adhbharaichidh e duilgheadasan sam bith air an robh daoine eile a' bruidhinn.

'S e ceist a tha seo a bhios a' nochdadh air fòrman air làrach-lìn ChildLine ann an roinn Feise is Dàimhean. 'S dòcha gum biodh e na chuideachadh dhut sùil a thoirt orra gus faicinn na bhios aig òigridh is nigheanan eile ri ràdh mu dheidhinn.

Faodaidh feise agus fèin-bhrodadh uaireannan troimh-a-chèile adhbhrachadh, ma tha thu airson bruidhinn mun seo, faodaidh tu bruidhinn ri neach-comhairle aig ChildLine. Faodaidh tu cuideachd bruidhinn ri neach-comhairle ChildLine mu na tha thu a' faireachdainn. Chan eil iad a' dèanamh breithneachadh agus faodaidh tu bruidhinn riutha ann an dìomhaireachd.

Tha mi an dòchas gum bi seo na chuideachadh, tapadh leat airson do theachdaireachd.

Sam

Fèin-bhrodadh: Ceistean do ChildLine

C: Hai Sam, A bheil e àbhaisteach a bhith ri fèin-bhrodadh? Bidh mi ga dhèanamh gach 2 no 3 latha, bidh mi an-còmhnaidh a' faireachdainn gu math ciontach agus iomagaineach mu dheidhinn, a bheil seo ceart gu leòr? Mòran taing.

F:

Hai,

Tha e gu tur àbhaisteach do neach de aois no gnè sam bith a bhith ri fèin-bhrodadh. Faodaidh fèin-bhrodadh a bhith na phàirt àbhaisteach de bheatha fheiseil fhallain, eadhon mus tòisich neach air a bhith ri feise. Cha bu chòir dhut a bhith a' faireachdainn ciont no nàire. Bu chòir dhut a bhith a' faireachdainn saor a dhèanamh cho tric, no cho ainneamh, 's a thogras tu.

Bidh mòran dhaoine a' tòiseachadh air fèin-bhrodadh timcheall air an àm a ruigeas iad inbheachd. Bidh atharrachaidhean nar bodhaigean a' toirt spionnadh feiseil dhuinn agus tha fèin-bhrodadh na dhòigh gu tur nàdarrach agus sàbhailte airson eòlas fhaighinn air an seo. Cha bu chòir nàire a bhith ort mu do bhodhaig no na nì thu aig àm sam bith.

Do chuid de dhaoine faodaidh fèin-bhrodadh a bhith gan glacadh cus agus faodaidh e tòiseachadh air do bheatha làitheil a ghabhail thairis. Ged nach bu chòir dha cron a dhèanamh air do bhodhaig, faodaidh e tòiseachadh air cron a dhèanamh air do bheatha ma bhios tu a' taghadh a dhèanamh thairis air rudan eile, leithid obair-dachaigh no caraidean fhaicinn. Tha seo fìor airson rud sam bith a tha gad do ghlacadh cus ge-tà agus mar sin tha e cudromach a bhith cinnteach gu bheil thu toilichte leis na tha thu a' dèanamh de fhèin-bhrodadh.

Ma tha thu a' faireachdainn cofhurtail leis 's nach eil e a' cur stad ort bho bhith a' dèanamh rudan eile, bu chòir dhut a bhith saor a dhèanamh cho tric 's a dh'fheumas tu. 'S e na prìomh rudan a bu chòir dhut a chumail nad chuimhne, a chumail prìobhaideach - na dèan e ann an àite sam bith poblach no timcheall air daoine eile - agus ma bhios tu a' faireachdainn gu bheil feum agad air rudan eile leithid pòrn a thoirt a-steach, is dòcha gum b' urrainn dhut bruidhinn ri aon den luchd-comhairle againn an toiseach airson 's gun urrainn dhuinn do chuideachadh gu fuireach sàbhailte.

Tha mi an dòchas gum bi seo na chuideachadh, tapadh leat airson do theachdaireachd.

Sam